

Lèirmheas Bhliadhnail 2024

Fàilte gu ar Lèirmheas Bhliadhnail

Tha lorg aig cridhe ar n-obrach. Tha e mar dhleastanas oirnn luchd-amais a bhrosnachadh agus a chuideachadh gus na cruinneachaidhean is prògraman againn a rannsachadh, agus nithean iongantach bhon àm a dh'fhalbh a chomharrachadh. A bharrachd air sin, tha na daoine againn a' sìor lorg nithean ùra inntinneach tro na diofar rannsachaidhean, obair-làraich agus com-pàirteachasan co-roinn eòlais aca. Anns an Lèirmheas Bhliadhnail 2024, tha sinn air leth toilichte innse dhuibh mu thaghadh de na prìomh nithean a fhuaras sna 12 mìosan a dh'fhalbh.

Am measg na fhuaras am-bliadhna tha grian-chlach bho àm an t-Soillseachaidh a b' urrainn an uair innse ann an àite sam bith san t-saoghal agus cuid den uidheamachd a chleachdadh airson Doilidh a' Chaora a chlònadh.

Tha na taisbeanaidhean againn air cuspairean a sgrùdadh leithid geamannan bhidio, mapaichean armailteach agus togail-dhealbhan fiadh-bheatha, agus tha rannsachadh air seallaidhean ùra a thabhann air cuspairean cho eadar-dhealaichte ri mamalan beaga bìodach san linn Dhiùrasaich agus margaidh àrsaidheachd na h-Èiphit agus Sudan. Tha sinn cuideachd air an làrach-lìn ùr againn a chur air bhog, ga dhèanamh nas fhasa do luchd-amais barrachd ionnsachadh mu na taighean-tasgaidh againn agus sgrùdadh nas doimhne a dhèanamh air a' Chruinneachadh Nàiseanta.

Tha 2024 cuideachd a' comharrachadh deich bliadhna bho chaidh Cinnean Ghall-Ghàidhealaibh a lorg. Tha an cruinneachadh iongantach seo de chòrr is 100 oibseact bho Linn nan Lochlannach air deich bliadhna de thoraidhean rannsachaidh a thoirt seachad, leithid, o chionn ghoirid gum b' e mèinn ann an loran an latha an-diugh tùs an t-soithich airgid sa chinnean.

Tha ar co-obraichean air seo a thoirt gu buil, agus obair iongantach eile, anns an t-suidheachadh ionmhais as duilghe a dh'fhuiling sinn a-riamh san roinn. Tha ar Plana Ro-innleachdail airson 2022-27 ag innse nan amasan eadar-cheangailte againn a' gabhail a-steach ar slighe gu neoni lom, ar dealas airson ar luchd-amais a dhèanamh nas eadar-mheasgte agus dèiligeadh ri dileab coloniachd. Tha sinn a-nis letheach slighe tron phlana sin, agus tha na cunnartan ionmhais a tha air an comharrachadh ann fhathast gu mòr air ar n-aire agus sinn a' strì ri dùbhlain na gnàth-thìde aig an aon àm 's a tha sinn a' feuchainn ri ar n-àrd-amasan a libhrigeadh.

Gun teagamh, cha ghabhadh an obair againn a dhèanamh às aonais na taice a tha sinn a' faighinn bho Riaghaltas na h-Alba agus taic a tha a' sìor fhàs nas riataanaich bho luchd-maoineachaidh eile, luchd-tabhartais, pàtranan, buill agus saor-thoilich. Tha sinn taingeil dhan a h-uile duine a thug taic dhuinn thar na bliadhna a dh'fhalbh agus feumaidh sinn taing shònraichte a thoirt don luchd-obrach againn. Tha an dealas, an sgil agus am miann airson lorg aig cridhe gach rud a nì sinn.

Iain Ruiseal CBE
Cathraiche
Dr Chris Breward
Stiùiriche

A' bhliadhna ann an àireamhan

- 3,127,576 luchd-tadhail thar nan ceithir taighean-tasgaidh againn
- Fhuair 119 taighean-tasgaidh air feadh na h-Alba taic tro thrèanadh, iasadan, trusadh, tabhartasan agus pròiseactan
- Ghabh 34,111 sgoilear bho sgoiltean anns gach ùghdarras ionadail ann an Alba pàirt ann anns na Seiseanan Sgoiltean Didseatach againn
- 52 tabhartas luach £209,330 bhon Mhaoin Nàiseanta airson Trusadh gus 29 cruinneachaidhean thaighean-tasgaidh a leasachadh air feadh na h-Alba
- Ghabh 201 saor-thoileach pàirt anns na tachartasan, prògraman, glèidhteachas agus obair-ghlèidhidh againn
- Thogadh dealbh de 1765 nithean

Taisbeanaidhean Ag innse sgeulachdan ùra

Bho gheamannan bhidio agus bòidhchead nàdair gu beachdan pearsanta air còmhstri chruinneil, tha na taisbeanaidhean againn air luchd-tadhail a bhogadh ann an sgeulachdan ùra agus air oibseactan a shealltainn ann an dòighean eadar-dhealaichte.

Thill Game On, an taisbeanadh geama bhidio eadar-ghnìomhach as motha air an t-saoghal, gu Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba san Ògmhios.

Bha e a' taisbeanadh cultar is eachdraidh saoghal nan geamannan le còrr is 100 geama a ghabhas cluich bho chòrr is 50 bliadhna, a bharrachd air a bhith ag innse àite cudromach na h-Alba sa ghnìomhachas.

Tha Game On air a chur air dòigh agus air chuairt le Barbican Immersive agus b' e Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' chiad àite a stad an taisbeanadh ann an 2002. Bhon àm sin, tha còrr is còig millean neach air tadhal air ann an 25 bailtean-mòra.

Thug Neach-camara Fiadh-bheatha na Bliadhna còmhla dealbhan air leth bho air feadh an t-saoghail aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Bha an taisbeanadh cliùiteach air chuairt bho Thaigh-tasgaidh Eachdraidh Nàdarra Lunnainn a' ruith eadar Faoilleach agus Cèitean agus a' sealltainn bòidhchead agus so-leòntachd an t-saoghail nàdarra.

Chaidh cugallachd ar planaid a chomharrachadh cuideachd ann an Rising Tide: Art and Environment in Oceania. A' ruith bhon Lùnastal 2023 chun Ghiblein 2024 aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, bha e a' taisbeanadh obair-ealain a rinneadh mar fhreagairt air èiginn na gnàth-thìde ann an Astràilia agus Eileanan a' Chuain Shèimh agus a' nochdadh stàladh sònraichte Bottled Ocean 2123 le Seòras Nuku.

Bha Maps: Memories from the Second World War a' sgrùdadh adhbhar, cudromachd agus ciall phearsanta mhapaichean armailteach bho 1939-1945.

Dh'fhosgail e aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta nan Cogadh sa Mhàrt a' taisbeanadh leithid dreasa shìoda air a dèanamh à mapaichean teichidh agus nithean bho chruinneachaidhean pearsanta seann shaighdearan an Dàrna Cogaidh.

Tha Cold War Scotland a' sgrùdadh suidheachadh deatamach na h-Alba air loidhne aghaidh a' Chogaidh Fhuair agus sgeulachdan nan Albannach aig cridhe na còmhstri. Tha an taisbeanadh mar thoradh air Materialising the Cold War, pròiseact rannsachaidh co-obrachail eadar Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus Oilthigh Shruighlea, air a mhaoineachadh le Comhairle Rannsachaidh nan Ealain agus nan Daonnachdan.

Bhon Lùnastal 2023 chun Chèitein 2024, thug Uniquely Scottish Silver sealladh do luchd-tadhail gu Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba air cuid de dhealbhadhean sònraichte Albannach a' gabhail a-steach bobhlaichean òil, cuaich agus cupannan cluarain.

Taisbeanaidhean siubhail

Bha Buddha air iasad bho Theampall Dhammapadipa ann an Dùn Èideann na phàirt de Theravāda Buddhism, a dh'fhosgail san t-Sultain 2023 aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus a chomharraich cleachdaidhean creideimh agus traidiseanan ann an ceann a deas agus ear-dheas Àisia, agus Alba.

Lean Monkeys: A Primate Story air a chuairt eadar-nàiseanta agus tha còrr is leth mhillean neach air fhaicinn a-nis. Dh'fhosgail e aig an t-seachdamh àite-stad aige, an Taigh-tasgaidh Eachdraidh Nàdarra ann an Kuopio, Fionnlainn, sa Mhàrt.

Dh'fhosgail Audubon's Birds of America aig Taigh-tasgaidh nan Ealan Finealta ann an St Petersburg, Florida san Dàmhair 2024. Tha an taisbeanadh a' sealltainn 46 priontaichean fa leth de dhealbhan leis an neach-ealain agus eòlaiche nàdair Ameireaganach, air iasad bho chruinneachadh Leabharlann Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Trusaidhean

A' leudachadh ar cruinneachaidh

Bidh trusadh ùr a' doimhneachadh ar tuigse air an àm a dh'fhalbh, an latha an-diugh agus an t-àm ri teachd agus a' dèanamh cinnteach gum bi an Cruinneachadh Nàiseanta fhathast na ghoireas luachmhor airson nan ginealaichean ri thighinn.

Grian-chlach Ìle-Glynne

San Iuchar fhuaras grian-chlach ghrinn bho àm an t-Soillseachaidh air a sgeadachadh gu fìor mhionaideach, ealanta. Rinneadh grian-chlach Ìle-Glynne mu 1715 agus b' urrainnear a chleachdadh agus an uair innse ann an àite sam bith san t-saoghal. Chaidh a choimiseanadh le Gilleasbaig Caimbeul, Iarla Ìle agus às dèidh sin, an 3mh Diùc Earra-Ghàidheal, duine air leth cumhachdach ann an Alba às dèidh an Aonaidh. Tha a' ghrian-chlach air a soidhnigeadh leis an neach-dèanaimh ionnstramaidean chliùiteach Ridseird Glynne agus tha e na chomharradh air cliù Ghilleasbuig Chaimbeil mar dhuine uasal le beairteas agus inbhe. Fhuaradh e le taic bhon Mhaoin Cuimhneachaidh agus Maoin Ealain Dualchas Nàiseanta.

Earrach/samhradh 2022, dreasa le Charles Jeffrey LOVERBOY

Tha seo mar thoradh air pròiseact còig-bliadhna le taic bho Fhondas Uilleim Ghrannnd agus ar cruinneachadh barraichte de bhreacan eachdraidheil agus èideadh Gàidhealach a rannsachadh. Air a stèidheachadh ann an 2015 le Teàrlach Jeffrey, dealbhaiche fasain Albannach ag obair ann an Lunnainn, tha dealbhaidhean dà-ghnèitheach LOVERBOY a' comharrachadh dearbh-aithne queer, neo-bhìnearaidh agus tar-ghnèitheach.

Farmail Phanmure

Chaidh farmail is mias glè thearc bhon 16mh linn a thoirt dhuinn tron sgeama Acceptance in Lieu. Tha nas lugha na dusan de na seataichean airgid-òrdha seo fhathast rin lorg an-diugh. Chaidh an dèanamh ann an Lunnainn ro 1600. Bhiodh uaislean a' cleachdadh farmail agus mias airson deas-ghnàth nighe làmhan ro bhiadh agus bhathas ag ràdh gu robh co-dhiù 40 seata aig Ealasaid I. Chaidh farmail agus mias Phanmure ainmeachadh air fear leis an robh iad, an neach-poilitigs Cuigseach Albannach Uilleam Ramsay Maule, 1d Baron Panmure (1771-1852).

Faerie Bust 2

Tha Faerie Bust 2 leis an neach-ealain Bhreatannach Claire Partington a' tighinn bhon chiad taisbeanadh aon-neach Albannach aice, When the Rocks Were Soft. Tha e a' sealltainn boireannach òg dubh a' caitheamh geansaidh Fair Isle, agus tha am pìos a' sgrùdadh na h-ìomadachd dhaoine a tha gan aithneachadh fhèin mar Albannaich, a bharrachd air mar a tha na sìth, beul-aithris agus uirsgeulan air an taisbeanadh ann am beatha Albannach an latha an-diugh.

Cruinneachadh dhealbhan Howarth-Loomes

Chaidh cruinneachadh cudromach de dhealbhan eachdraidheil agus uidheamachd togail-dhealbhan bho thairis air 100 bliadhna a shàbhaladh don nàisean. Chaidh còrr is 17,000 ìomhaigh agus nithean eile a chruinneachadh le Bernard Howarth-Loomes nach maireann agus a bhean Alma. Tha an cruinneachadh air a bhith air iasad do Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba bho 2002 ach tha e a-nis air a bhuileachadh oirnn fon sgeama Acceptance in Lieu.

Dealbh Dhaibhidh Stiùbhairt

Chaidh dealbh de shaighdear agus neach-eachdraidh buadhach bhon 19mh linn a thaisbeanadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta nan Cogadh san Dùbhlachd agus e air a thoirt mar dhìleab don nàisean. Thathas den bheachd gur b' e Sir Iain MacBhàtair Gòrdan a rinn an dealbh seo den Mhàidsear Seanailear Dàibhidh Stiùbhart Ghairt agus thugadh air iasad dhuinn roimhe e airson taisbeanadh Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ann an 2019, Wild and Majestic: Romantic Visions of Scotland. Bha Stiùbhart na shaighdear cliùiteach Albannach, na riaghladair coloinidh, na eòlaiche-eachdraidh

na àrsadair, agus na dhlùth-chompanach aig Sir Walter Scott. Chaidh an dealbh fhàgail mar dhileab dhuinn leis an ailtire nach maireann, Iain Dangerfield.

Biastragan na h-Alba

Fhuair sinn tabhartas de chruinneachadh cudromach de mu 15,000 biastragan bho na 1960an gu na 2010an. Chaidh na sampallan a chruinneachadh le Philip F. Entwistle ann an Cataibh, Ros, a' Ghàidhealtachd agus san Eilean Sgitheanach, a bharrachd air Sasainn, a' Chuimrigh agus Eilean Mhanainn. Ach, tha eisimpleirean ann cuideachd à Afraga, Ear-dheas Àisia agus Papua New Guinea, far an robh Entwistle ag obair anns na 1960an. Tha an taghadh de mheanbh-fhrìdean craoibhe daraich gu sònraichte inntinneach agus tha e na chuspair rannsachaidh leantainneach.

Rùsg Doilidh a' chaora

Chaidh rùsg Doilidh a' chaora agus cuid den uidheamachd shònraichte a chleachdadh airson a cruthachadh a thoirt dhuinn leis an eòlaiche tùs-ghinein an t-Oll. Uilleam A Ritchie, ball den sgioba a chuidich le bhith ga clònadh.

Tachartasan

Fàilte do na h-uile

Tha làithean spòrsail teaghlaich ùra, tachartasan in-ghabhalach agus feasgaran làn dibhearsain air barrachd luchd-tadhail a thoirt an sàs sna taighean-tasgaidh agus taisbeanaidhean againn

Aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich, thòisich sinn tursan ùra timcheall fasgaidhean ath-leasaichte ionnsaigh-adhair agus spreadhaidh an Dàrna Cogaidh air an raon-adhair, air an stiùireadh le treòraiche ann an èideadh. Agus thill Awesome Bricks chun taigh-tasgaidh san Ògmhios, le dà latha spòrsail le LEGO.

Chaidh 360 Fest, fèis teaghlaich ùr a bha a' comharrachadh a h-uile càil cruinn, a chur air bhog aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich le gnìomhan gu leòr. Na lùib bha luchd-cleas-rothair, lann-phlanaidean pop-up agus cothrom cuid de sgilean siorcais fheuchainn. A thuilleadh air sin, fhuair daoine cothrom barrachd ionnsachadh mu na h-itealain anns a' chruinneachadh againn aig tachartas aon-latha san Lùnastal.

Ann an com-pàirteachas le Unique Events chum sinn a' chiad Chèilidh Mòr Bhurns aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Bha còrr is 1,300 neach an làthair gus Oidhche Bhurns a chomharrachadh, le cèilidh mòr, dannsa Gàidhealach, disco sàmhach agus pìobaireachd.

Chaidh Museum Late a chumail cuideachd san Dàmhair gus Game On a chomharrachadh, agus chaidh tachartas cluich ruigsinneach a chumail do dhaoine a tha dall no air a bheil ciorram fhradhairc. Ag obair ann an com-pàirteachas le RNIB agus luchd-innleachdaidh gheamannan, TripleTapTech, thug an tachartas cothrom do luchd-tadhail cluich air raon de gheamannan ruigsinneach.

Chomharraich sinn Seachdain Bhiastagan san Ògmhios le tachartasan a' gabhail a-steach deasbad panail aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' togail aire mu bhoireannaich bhrosnachail ann an eòlas mheanbh-fhrìdean agus cuairt tràth-mhaidne aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich gus sùil a thoirt air na ghlacadh ann an ribeachan leòmann thar na h-oidhche.

Aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dhùthchail, thill dà thachartas teaghlaich fèillmhor am-bliadhna, le taic bho chluicheadairean Crannchur Còd-puist an t-Sluaigh. San t-Sultain chomharraich sinn crodh agus ar treud-bainne aig Moo Fest le deireadh-seachdain de ghnìomhachdan co-cheangailte ri crodh, agus sa Chèitean, bha an aire air caoraich aig Woolly Weekend,

Thòisich sinn iomairt ùr aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba sa Chèitean gus Seachdain Mothachaidh Slàinte Inntinn a chomharrachadh. Am-measg na thachair ann an Wellbeing Week bha tursan làitheil an-asgaidh timcheall cuid de chruinneachaidhean a' cleachdadh dhòighean-amhairc slaodach, agus Slow Down Sunday anns an robh ceòl beò le Orcastra Seòmair na h-Alba.

Rannsachadh

Tuigse ùr

Tha na cruinneachaidhean againn air a bhith aig cridhe rannsachadh ùr a chuidich le bhith a' doimhneachadh ar n-eòlais, a' leasachadh tuigse agus a' cumadh mar a bhios taighean-tasgaidh ag obair san àm ri teachd.

Buying Power: British Archaeology and the Antiquities Market in Egypt and Sudan 1880 – 1939

Air a stiùireadh leis an Oll. Dan Potter, Leas-ghlèidheadair na Seann Mhara Mheadhan-thìrich, rannsaich am pròiseact trì-bliadhna seo mar a bha àrceolaichean a bha a' dèanamh cladhach fo stiùir Bhreatainn san Èiphit agus ann an Sudan an sàs ann am margaidh na h-àrsaidheachd agus mar a tha seo a' toirt buaidh air na chì sinn an-diugh ann an taighean-tasgaidh air feadh an t-saoghail.

Leigidh an rannsachadh, air a mhaoineachadh le Comhairle Rannsachaidh nan Ealain agus nan Daonnachdan, le taighean-tasgaidh eachdraidh nas coileanta innse mu nithean a tha iad a' taisbeanadh, a' soilleireachadh cleachdaidhean cruinneachaidh coloinidheach agus a' toirt cothrom airson còmhraidh nas fhosgailte mu chruinneachaidhean àrc-eòlais às an Èiphit agus Sudan.

Chaidh an sgeulachd iongantach mu mar a thàinig grunn stuthan àrsaidh Èipheiteach gu bhith nam pàirt de na cruinneachaidhean againn innse airson a' chiad uair cuideachd. Mhìnich artaigil sna Proceedings of the Society of Antiquaries of Scotland mar a chaidh an lorg air fearann Thaigh Melville ann am Fìobha anns na 1960an agus 1980an.

Beatha ro-eachdraidheil

Chaidh gnè ùr de charran a bha a' snàmh anns na h-uisgeachan faisg air Glaschu o chionn 330 millean bliadhna a chomharrachadh agus ainmeachadh mar urram don bhaile-mhòr sin. Chaidh am fosail beag a chomharrachadh le sgioba eòlaichean a' gabhail a-steach Àrd Neach-glèidhidh Paleo-bitheòlais, an t-Oll Anndra Ros agus b' e Tealliocaris weegie a thug iad air às dèidh muinntir Ghlaschu.

Tha fosailean nar cruinneachadh a lorgadh thar deicheadan san Eilean Sgitheanach air cuideachadh le bhith ag innse barrachd mu bheathach beag meud luchd bhon linn Dhiùrasaich. Tha rannsachadh ùr air a stiùireadh leis an Oll. Elsa Panciroli, Com-pàirtiche Rannsachaidh Paleo-bitheòlais, air sealltainn mar a bha *Krusatodon kirtlingtonensis* a' fàs aig reat nas slaodaiche na mamalan an-diugh, a' cur ri ar tuigse mu bheatha thràth.

Bha an t-Oll. Nick Friseal, Neach-gleidhidh nan Saidheansan Nàdarra, na phàirt de sgioba eadar-nàiseanta luchd-saidheans a thug cunntas air fosailean ùra de *Dinocephalosaurus orientalis* - snàgair uisgeach còig meatairean a dh'fhaid bhon àm Triasaig ann an Sìona, o chionn timcheall air 240 millean bliadhna.

Dhearbh rannsachadh a rinn na h-eòlaichean againn cuideachd gun robh mamotan clòimheach ann an ceann a deas na h-Alba aig aon uair. Tha deuchainnean air sealltainn gu bheil cnàimh 60cm de dh'fhaid a chaidh a lorg air tràigh faisg air an t-Sròn Reamhar a' buntainn ri aon de na beathaichean sin agus gu bheil e mu 45,000 bliadhna a dh'aois.

Tuam Arcaibh

Lorgadh tuam anabarrach tearc, a bha uair air a chreachadh airson stuthan togail, agus dh'fhaodadh e a-nis solas ùr a chur air beatha dhaoine ann an Alba o chionn 5,000 bliadhna. Lorg cladhach air a stiùireadh leis an Oll. Hugo Anderson-Whymark, Àrd-ghlèidheadair na Linn Ro-eachdraidh Thràith, agus an t-Àrd-oll Vicki Cummings à Oilthigh Caerdydd, 14 cnàimhneach agus raon de dh'artafactan aig an làraich ann an Arcaibh.

Cruinneachaidhean Fhuigheallan Daonna Àrc-eòlach na h-Alba

Cuiridh pròiseact mòr ùr air a mhaoineachadh le Comhairle Rannsachaidh nan Ealain agus nan Daonnachdan ri cùram agus glèidheadh fhuigheallan daonna àrc-eòlach ann an cruinneachaidhean taighean-tasgaidh na h-Alba. Air a thòiseachadh san Dàmhair, is e pròiseact co-obrachail a th' ann an Cruinneachaidhean Fhuigheallan Daonna Àrc-eòlach na h-Alba air a stiùireadh le Taighean-tasgaidh

Nàiseanta h-Alba agus Àrainneachd Eachdraidheil Alba agus nì e leudachadh agus leasachadh comasach air goireasan rannsachaidh agus stòraidh aig Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta

Cinnean Ghall-Ghàidhealaibh

Deichead de lorg

Deich bliadhna às dèidh dha a lorg agus 1,000 bliadhna fon talamh, tha Cinnean Ghall-Ghàidhealaibh fhathast ag atharrachadh ar tuigse air saoghal Linn nan Lochlannach tro a chruinneachadh de dh'oibseactan inntinneach gun samhail.

Tha 2024 a' comharrachadh 10 bliadhna bho chaidh Cinnean Ghall-Ghàidhealaibh a lorg – cruinneachadh air leth de chòrr is 100 oibseact bho Linn nan Lochlannach.

Chuidich an dòigh san deach a thiodhlacadh le caomhnadh stuthan organach gu math tearc leithid sìoda agus aodach-fighte eile, a' toirt cruth-atharrachadh air ar tuigse air eachdraidh na h-Alba.

Bho thàinig an cinnean thugainn, tha mion-sgrùdadh adhartach agus rannsachadh mionaideach air cothrom a thoirt dhuinn eachdraidh nan stuthan sònraichte a th' ann a leantainn.

Chaidh pròiseact rannsachaidh trì-bliadhna, Unwrapping the Galloway Hoard, a ghabhail os làimh le sgioba bho Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus Oilthigh Ghlaschu, air a stiùireadh leis an Oll. Màrtainn Goldberg, Àrd-ghlèidheadair Chruinneachaidhean Tràth-mheadhan-aoiseil is Lochlannach.

Dh'obraich iad le ionadan a' gabhail a-steach Taigh-tasgaidh Bhreatainn, Ionad-rannsachaidh Àrainneachd Oilthighean na h-Alba agus an Institiud Rìoghail airson Dualchas Cultarach sa Bhruiseal gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air pròiseas cinnean a chruthachadh.

Tha am pròiseact air mòran fiosrachadh inntinneach a lorg, leithid o chionn ghoirid, ag innse gun tàinig an t-soitheach airgid sa chinnean à mèinn ann an Ioran an Iatha an-diugh.

Seasmhachd

A' dìon an ama ri teachd

Tro ar gnìomhan fhèin a bharrachd air ar co-obrachadh le com-pàirtichean, tha sinn dealasach a bhith ag obair ann an dòigh nas seasmhaiche agus a' cleachdadh ar goireasan agus eòlas gus cuideachadh a' dèiligeadh ri duilgheadasan ar planaid.

Chaidh ar Ro-innleachd Seasmhachd ùr fhoillseachadh san Dàmhair 2023. Tha e a' dèiligeadh ris na rinn sinn gu ruige seo thar na buidhne air fad – ar cultar agus cleachdaidhean, daoine agus oighreachdan – agus a' coimhead air adhart gu 2030, tha e a' toirt cunntas air na h-amasan is builean againn.

Annas a' Ghiblean libhrig sinn Climate Change for Kids ann an com-pàirteachas le Oilthigh Dhùn Èideann. Bheir am pròiseact rannsachadh UNICEF gu coimhearsnachdan tro bhùthan-obrach leis an neach-ealain Laura Johnson. Chuir luchd-tadhail agus daoine òga bho Granton Youth, Rainbow Families, Ospadal Cloinne Dhùn Èideann, Sgoil Queensferry a Deas agus a' choimhearsnachd Shìonach ri cuibhrig a tha a' sgrùdadh fhaireachdainnean mu atharrachadh gnàth-thìde. Annas an Lùnastal fhuair sinn duais bho Mhaoin Com-pàirteachadh Gnàth-thìde Riaghaltas na h-Alba gus am pròiseact a thoirt air adhart, a' toirt dhaoine air feadh na h-Alba an lùib obair nàiseanta gus cuibhrig a chruthachadh airson barrachd ionnsachadh mu atharrachadh gnàth-thìde agus na dòchasan aca airson an ama ri teachd a cho-roinn.

Tha sinn am measg timcheall air 90 com-pàirtiche ann am prìomh phrògram nàiseanta deich-bliadhna gus cruinneachaidhean saidheans nàdair na Rìoghachd Aonaichte a chur ann an cruth didseatach. 'S e pròiseact luach £155m a th' ann an Distributed System of Scientific Collections UK air a stiùireadh leis an Taigh-tasgaidh Eachdraidh Nàdarra agus air a mhaoineachadh le Rannsachadh is Ùr-ghnàthachadh na Rìoghachd Aonaichte. Bidh cruinneachaidhean saidheans nàdarra san Rìoghachd

Aonaichte a' cumail còrr is 137 millean sampall bho thairis air 4.6 billean bliadhna, le luchd-rannsachaidh gan cleachdadh gus fuasglaidhean fhaighinn air duilgheadasan cruinne leithid call bith-iomadachd agus tèarainteachd bìdh.

Mar phàirt den dealas againn a bhith ag obair ann an dòigh nas seasmaiche, tha sinn air 'postadh rùisgte' a thoirt a-steach airson na h-iris ballrachd againn, *Explorer*, a' ciallachadh gu bheil i air a postadh às aonais còmhach a bharrachd. Tha sinn cuideachd a' lughdachadh na bhios sinn a' cleachdadh de phlastaig gach bliadhna le bhith a' cleachdadh cairtean-bhallrachd fad-beatha a ghabhas ath-chuairteachadh, dèante bho phlastaig 100% ath-chuairtiche.

Tha an cruinneachadh againn na stòras beairteach airson fiosrachadh a chruthachadh mu èiginn na gnàth-thìde agus call bith-iomadachd. Am-measg thrusaidhean ùra a chuidicheas a' togail tuigse mu na cùisean sin tha lann bho roth-mara, a chleachdadh ann an Caolas Bluemull ann an Sealtainn. Dh'ullaich an roth-mara Nova 30, a tha an seilbh na coimhearsnachd, an t-slighe airson a' chiad tuathanas làin-mara san t-saoghal a leasachadh. Chaidh a thoirt gu buil le Nova Innovation a thug seachad an lann don Chruinneachadh Nàiseanta.

San t-Samhain chùm sinn co-labhairt bhliadhnail an Lionra Bith-iomadachd Nàiseanta (NBN) aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Is e com-pàirteachas nàiseanta co-obrachail a th' ann an NBN a chaidh a chruthachadh gus dàta bith-iomadachd a cho-roinn, a' toirt a-steach buidhnean riaghaltais, buidhnean glèidhteachais fiadh-bheatha, buidhnean clàraidh fiadh-bheatha agus buidhnean àrainneachd. Bidh sinn ag obair gu dlùth le NBN air measgachadh de phròiseactan co-cheangailte ri bith-iomadachd, a' gabhail a-steach didseatachadh agus foillseachadh clàran cruinneachaidh.

A' cruthachadh cheanglaichean

A' ceangal chultaran

Tha na cruinneachaidhean agus na prògraman againn a' cuideachadh le tuigse chultarach a neartachadh agus ceanglaichean nas làidire a chruthachadh le coimhearsnachdan ann an Alba agus air feadh an t-saoghail.

Anns an Iuchar fhuair Zachary Kingdon, Àrd-ghlèidheadair Chruinneachaidhean Afraganach, Tabhartas Catalyst bho Chomhairle Bhreatainn, mar phàirt de phròiseact airson ceanglaichean ùra, iomlaidean agus co-obrachadh a bhrosnachadh eadar luchd-ealain, luchd-cleachdaidh cruthachail, agus buidhnean cultarail san Rìoghachd Aonaichte agus ann an Ceinia. Rinn e pròiseact rannsachaidh ealain Afraga an Ear ann an co-obrachadh le Mũhunyo Maina bho Thaigh-tasgaidh Ealain Afraga an Ear ann an Nairobi. Am-measg toraidhean a' phròiseict bha clàradh cruinneachadh de dh'iomhaighean fiodha-dhubha a chaidh a shnaidheadh le luchd-imrich Muedan Makonde à ceann a tuath Mozambique eadar 1977-2002.

Sa Ghiblean chuir sinn fàilte air naoinear riochdairean bho Cho-chaidreachas Blackfoot às na SA agus Canada gu Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta. Chunnaic a' bhuidheann stuth-seilbh leithid lèintean-seiche agus obair-chleite is grìogagan eachdraidheil.

Anns an Dàmhair 2024, chùm sinn iomlaid chultarail eadar oileanaich à sgoil Kamehameha ann an Hawai'i agus Àrd-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, a' comharrachadh 200 bliadhna bho thadhail monarcan Hawai'i an Rìgh Kamehameha II agus a' Bhanrigh Kamāmalu air an Rìoghachd Aonaichte. Aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba chunnaic oileanaich ulaidhean Hawaiian, a' gabhail a-steach ahu'ula (cleòca itean) a thug an Rìgh do riochdairean Sasannach nuair a bha e air chuairt. Rinn oileanaich agus luchd-obrach an dà sgoile meòrachadh le chèile air cànan agus iomlaid òran, dhannsaichean agus sgeulachdan.

Bha South Asian Stories na cho-obrachadh dà-bhliadhna le Networking Key Services, buidheann slàinte is sunnd a' toirt taic do bhoireannaich à Àisia a Deas agus an teaghlachan. Air a mhaoineachadh le Urras Carthannach Nancie Massey, chruthaich am pròiseact de chòrr is 200 ball de choimhearsnachd Àisia a Deas Dhùn Èideann mineachadh ùr air stuthan anns a' Chruinneachadh Nàiseanta, agus thàinig an obair aca gu crìch le foillseachadh duilleag-lìn agus slighe-rannsachaidh

ùr sa Mhàrt. Rinn com-pàirtichean tursan rannsachaidh gus cruinneachaidhean ath-sgrùdadh, a' roinn an cuimhneachain agus an t-eòlas co-cheangailte riutha, mus do thagh iad prìomh nithean ag obair còmhla ri neach-glèidhidh agus luchd-obrach eile gus susbaint a chruthachadh. Tha an duilleag-lìn a' sgrùdadh sgeulachdan mu 16 nithean, le deich dhiubh a' nochdadh air an t-slighe-rannsachaidh a dhealbh an neach-ealain à Àisia a Deas, Malini Chakrabarty.

Mar phàirt den Mhìos Eachdraidh Dhuibh san Dàmhair 2023, ruith sinn Cultural Connections aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, ag obair còmhla ri luchd-ealain, luchd-ciùil, sgeulaichean agus dannsairean ionadail gus ceanglaichean cultarail ri Afraga agus a' Charibbean a chomharrachadh. Anns an t-sreath seo de ghnìomhan teaghlaich bha ceòl à Beilise anns a' Ghailearaidh Mhòr le seiseanan drumaireachd Garifuna agus clasaichean dannsa Afraganach traidiseanta is ùr-nodha leis a' bhuidhinn coimhearsnachd ionadail African Maua.

Glèidhteachas

Cùram do ar cruinneachaidhean

Tha Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta aig teis-meadhan ar n-obrach gus stuthan a ghleidheadh, cruinneachaidhean ullachadh airson taisbeanaidhean agus a bhith na mheadhan airson innleachdas, trèanadh agus teagasg.

Chaidh pròiseact glèidhteachais mòr a ghabhail os làimh gus dìon-gàirdein Ròmanach ath-nuadhachadh mus deach a thoirt air iasad do thaisbeanadh Taigh-tasgaidh Bhreatainn, Legion: Life in the Roman army, agus às dèidh sin gu taisbeanadh seasmhach ann an gailearaidh nan Sluaghan Tràtha aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba san Dàmhair.

Bha a' chaithbheart umha, a lorgadh aig làrach Dùn Trimontium faisg air Melrose ann an 1906, ann an dusanan de chrìomagan sgapte thar trì diofar làraich. Thug luchd-glèidhteachais seachdainean ag ath-thogail an dìon-ghàirdein, an eisimpleir as iomlaine de a sheòrsa agus aon de dìreach trì a tha air fhàgail bho Ìmpireachd na Ròimhe gu lèir.

Chaidh ciste airgid a thathas a' creidsinn a bhuineadh do Mhàiri, Banrigh na h-Alba, ath-nuadhachadh mus deach i air turas gu Gailearaidhean Chille Chuithbeirt agus Gailearaidh Ealain is Taigh-tasgaidh Mhic a' Ghobhainn Shruighlea. Ghlanadh linntean de dhubhachadh agus coirbeachd a' cleachdadh dòigh-obrach lughdachadh leactroileach, a bhios a' glanadh uachdaran finealta ann an dòigh chùramach agus cuimsichte. Tha taisbeanadh na ciste aig an dà àite a' faighinn taic bho Phrògram Maoin Iasad Weston le Ealain.

Chaidh cùbaid eaglaise 400 bliadhna a dh'aois a ghleidheadh an dèidh obair dà-latha gus a toirt a-mach à Eaglais an Dùin ann an Aonghas airson a gluasad gu sàbhailte gu Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta. Rinneadh a' chùbaid daraich shnaighte ann an 1615 agus 's i aon den bheagan chùbaidean fhathast air fhàgail bho an dèidh an Ath-Leasachaidh.

Chaidh obair-ghlèidhteachais a dhèanamh cuideachd air sia sgròllaichean crochaidh àlainn sgeadaichte à Coirèa mus deach an taisbeanadh ann an Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Chaidh an obair a mhaoineachadh le Taigh-tasgaidh Nàiseanta Choirèa agus tha na sgròllaichean sìoda is pàipeir gan taisbeanadh fear mu seach anns a' ghailearaidh Rannsachadh Àisia an Ear.

Aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-itealaich, rinneadh obair-ghlanaidh speisealta air an Avro Vulcan B.2A mar phàirt de phrògram glèidhteachais air dà itealan a tha gan taisbeanadh taobh a-muigh an Taigh-tasgaidh. Bha 2023 a' comharrachadh 60 bliadhna bho thòisich an Vulcan seo ann an seirbheis leis an RAF.

Didseatach

Leasachadh didseatach

Tha làrach-lìn ùraichte, barrachd eòlasan air-loidhne agus com-pàirteachasan rannsachaidh a' sgrùdadh thaighean-tasgaidh bhiortual a' toirt cothrom do luchd-tadhail a dhol an sàs leinn ann an dòighean ùra.

Chaidh an làrach-lìn ùr againn fhoillseachadh san Lùnastal, ag amas air a dhèanamh nas fhasa do luchd-tadhail fiosrachadh fhaighinn mu na taighean-tasgaidh againn agus mun Chruinneachadh Nàiseanta. Tha fiosrachadh mu chòrr is 820,000 de na nithean againn rim faighinn air-loidhne mar-thà agus thathas a' cur barrachd chlàran ris gu cunbhalach gus ruigsinneachd a leasachadh do na cruinneachaidhean againn.

Anns an Dàmhair 2023 thòisich sinn ag obair air pròiseact com-pàirteachais – còmhla ri Àrainneachd Eachdraidheil Alba, an Taigh-tasgaidh Hunterian agus Edify – gus ùrlar Rìochdalachd Leudaichte (XR) a leasachadh. Air a stiùireadh le Oilthigh Ghlaschu, rannsaichidh Museums in the Metaverse dòighean anns am faod luchd-tadhail eòlas fhaighinn air agus a dhol an sàs ann an taighean-tasgaidh agus na cruinneachaidhean aca gu bhiortual, a' tarraing air dòighean mìneachaidh agus aithris sgeulachdan ùra air an leasachadh le luchd-glèidhidh.

Gus cothrom a thoirt do luchd-amais nas fharsainge rannsachadh a dhèanamh timcheall ar cruinneachaidhean, tha leabhar ùr, Decoding the Jewels: Renaissance Jewellery in Scotland, deasaichte leis Oll. Anna Groundwater, Prìomh Neach-glèidhidh, Linn an Ath-bheothachaidh agus Eachdraidh Thràth Ùr-nodha, ri fhaighinn an-asgaidh air-loidhne. Tha e a' toirt còmhla ar cruinneachadh cudromach de sheudraidh Albannach à Linn an Ath-bheothachaidh agus nithean cudromach bhon Chruinneachadh Rìoghail.

Ràinig ar prògramadh didseatach an-asgaidh do sgoiltean 31 de 32 sgìrean ùghdarras ionadail. Chaidh raon chuspairean a sgrùdadh le sgoilearan a' gabhail a-steach an t-seann Èiphit, dìneosairean agus na Lochlannaich.

Anns a' Chèitean chuir sinn air bhog sreath bhidio le luchd-dealbhadh aig a bheil obair ri fhaicinn sa ghailearaidh Fasain is Stoidhle aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Rinn na trì bhideothan a chaidh a chruthachadh airson Behind the Seams sgrùdadh air na bhrosnaich na deiseachan, agus chaidh iad a-mach air na meadhanan sòisealta againn. Mhìnich Nicholas Daley mar a tha a dhualchas Albannach-Diameucach agus eachdraidh a theaghlach a' toirt buaidh air an obair aige, agus thadhail sinn air Phoebe English agus José Hendo nan stiùidio ann an Lunnainn gus ionnsachadh mar a tha dòigh-obrach eco-sheasmhach airson dealbhadh a' fiosrachadh nam pròiseasan cruthachail aca.

An sealladh farsaing

Gus taic a chumail ri fosgladh Neach-camara Fiadh-bheatha na Bliadhna, chruthaich sinn sreath bhidio le cuid de ar luchd-glèidhidh sna Saidheansan Nàdarra a' sgrùdadh sgeulachdan air cùl cuid den fhiadh-bheatha a tha a' nochdadh anns na h-ìomhaighean a tha air an taisbeanadh. Sheall na bhideothan ri cuspairean leithid na cleachdaidhean ithe aig sionnaich, cho cudromach 's a tha sgeirean corail na h-Alba agus mar a bhios sinn a' togail dhealbhan de shampallan beaga bìodach bhon chruinneachadh eòlas-mheanbh-fhrìdean againn.

iasadan

A' co-roinn ar sgeulachdan

Tha an Cruinneachadh Nàiseanta air luchd-amais eadhon nas fharsainge a ruighinn ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte agus nas fhaide air falbh mar thoradh air iasadan nithean do bhuidhnean eile

Tha poit iomlan 2,500 bliadhna a dh'aois am measg còrr is 40 nithean tearca a chaidh a thoirt air iasad do thaisbeanaidhean ùra ann an Leòdhas. Tha aois nan nithean a' dol bho phiosan à Linn Ùr na Cloiche gu Linn nan Lochlannach agus a' nochdadh 6,000 bliadhna de bheatha eileanach. Tha Na Dorsan, taisbeanadh aig Comunn Eachdraidh Nis, a dh'fhosgail sa Ghiblean, a' clàradh eachdraidh sgìre Ghabhsainn. Dh'fhosgail Archaeology Homecoming aig Taigh-tasgaidh Comann Eachdraidh

Cheann a' Loch sa Ghiblean agus tha e a' comharrachadh rudan ionadail leithid Tursachan Shìdeabhail.

Chaidh sia mion-dhealbhan Innseanach bhon 17mh linn a thoirt air iasad don MK Gallery ann am Milton Keynes airson Beyond the Page: South Asian Miniature Painting and Britain, 1600 to Now, a ruith bhon Dàmhair 2023 - Faoilleach 2024.

Thug sinn còig nithean air iasad gu taisbeanadh aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, Renaissance: Scotland and Europe, a dh'fhosgail san Ògmhios. Nam measg bha aigeallan, fàinne agus slat-rèile.

Chaidh 21 nithean air iasad gu Gailearaidh Uilleim Morris airson an taisbeanadh Art Without Heroes: Mingei, a dh'fhosgail sa Mhàrt. Nam measg bha dealbhan, crèadhadaireachd agus aodach.

Chaidh dà phanail snaighte, cnag mullaich agus bonn òir a thoirt air iasad do Unicorn, a' chiad taisbeanadh aig Taigh-tasgaidh ùr Pheairt, a dh'fhosgail sa Mhàrt.

Ag obair gu nàiseanta

Ag obair còmhla

Tha ar taic leantainneach don roinn air cuideachadh le bhith a' fàs chruinneachaidhean, a' leasachadh sgilean agus a' toirt cothrom do bharrachd dhaoine com-pàirteachadh agus ceangal a dhèanamh ri taighean-tasgaidh agus an cuid obrach.

Ann an 2023-24, ràinig ar Prògram Nàiseanta na 32 sgìrean ùghdarras ionadail ann an Alba. Ghabh seo a-steach taic do 119 taighean-tasgaidh tro thrèanadh, iasadan, trusadh, tabhartasan airson Seachdain Matamataig na h-Alba agus ar pròiseact nàiseanta Reveal and Connect: African and Caribbean Collections in Scottish Museums.

A' coileanadh air feadh na h-Alba: Ro-innleachd Nàiseanta 2023-2027

Chaidh an còigeamh Ro-innleachd Nàiseanta againn a chur air bhog san t-Samhain agus tha i a' leantainn air adhart le libhrigeadh ar prògraman fad-ùine air feadh na h-Alba a' toirt taic do roinn nan taighean-tasgaidh.

Faodar an ro-innleachd iomlan a leughadh an seo

Maoin Nàiseanta airson Trusadh

Sgaoil a' Mhaoin Nàiseanta airson Trusadh 52 tabhartas luach £209,330 uile gu lèir, a' cuideachadh 29 buidhnean air feadh na h-Alba gus na cruinneachaidhean aca a leasachadh le maoin luach £530,488. Chaidh ochd tabhartasan eile le luach iomlan de £38,296 a riarachadh. Am measg na chaidh a thrusadh bha:

Cowcaddens Streetscape in the Fifties, le Alasdair Gray, 1964

Fhuair Glasgow Life tabhartas de £15,000 gus an dealbh fhaighinn, a thuirt Gray a b' e an "dealbh ola mòr a b' fheàrr a rinn e". Ged a tha obraichean eile le Gray aig Taighean-tasgaidh Ghlaschu, is e seo a' chiad phrìomh dhealbh-ola a fhuair an cruinneachadh.

Alan Measles and Claire Under an English Moon, le Sir Grayson Perry, 2023

Fhuair Tasglannan, Gailearaidh is Taighean-tasgaidh Obar Dheathain tabhartas de £25,000 airson a' phoit chrèadha seo a cheannach a bha na pàirt de thaisbeanadh Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba, Grayson Perry: Smash Hits ann an 2023.

Glainne-fiona bhon 18mh linn

Fhuair Culture Perth and Kinross glainne air a gràbhaladh le ‘Gang Warily’, suaicheantas teaghlaich Sheumais Druiminn, Diùc Pheairt, a bha na dhuine cudromach ann an Ar-a-mach nan Seumasach 1745-46. Chaidh a’ ghlainne a mhaoineachadh le tabhartas luach £5,000 agus chaidh a taisbeanadh nuair a dh’fhosgail Taigh-tasgaidh ùr Pheairt sa Mhàrt, a’ cuideachadh le bhith ag innse sgeulachd mu àite cudromach na sgìre ann an Cogaidhean nan Seumasach.

Bonn suffragette

Fhuair Leabharlann nam Ban ann an Glaschu bonn a chaidh a bhuileachadh air Maud Joachim le Aonadh Sòisealta is Poilitigeach nam Ban le tabhartas de £13,200. Thàinig seo às dèidh dhi a bhith sa phrìosan ann an Dùn Dè airson pàirt a ghabhail ann an togail-fianais suffragette aig coinneamh a bha fo stiùir Winston Churchill ann an 1909.

Seachdain Matamataig na h-Alba

Thug an tachartas bliadhnail a ruith eadar 25 Sultain gu 1 Dàmhair 2023 còmhla gnìomhan air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh air feadh na dùthcha timcheall air a’ chuspair Maths in Motion. Tha am prògram air a cho-òrdanachadh le Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba. Am measg nan tachartasan aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba bha taisbeanadh pop-up bhon Oilthigh Fhosgailte, seiseanan le Magic Carpet airson clann ro-sgoile, làimhseachadh stuthan anns a’ Ghailearaidh Mhòr agus slighe-rannsachaidh matamataig air a bhrosnachadh le Doilidh a’ Chaora.

Mòran taing do ar luchd-taice 2024

Tha sinn air leth taingeil don a h-uile neach agus buidheann a thug taic do na taighean-tasgaidh againn am-bliadhna. Tha iad air a dhèanamh comasach dhuinn ar cruinneachaidhean a ghleidheadh, rannsachadh a dhèanamh air na sgeulachdan air cùl nan nithean a tha againn nar cùram agus Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a dhèanamh ruigsinneach dha na h-uile tro ar taisbeanaidhean agus prògram thachartasan is ghnìomhan, an dà chuid aghaidh ri aghaidh agus air-loidhne.

Prìomh Mhaoineachadh

Riaghaltas na h-Alba

Luchd-tabhartais, Pàtranan agus Luchd-taic

Ailean agus Karen Aitchison

Maoin Ealain

Riaghladh Tasgaidh Artemis LLP

Manaidsearan Tasgaidh Baillie Gifford

Geoffrey agus Màiri Ball

Patricia Barclay

Iain Bartholomew

Lorraine Bell agus Marcas Weisdorf

Bòrd na Gàidhlig

Seòras Borthwick CBE agus Milly Borthwick

Calum agus Kira Bowie

Màiri Bownes OBE agus Mike Greaves

Risear agus Catriona Burns

Sìne, Marchioness Bhòid

Morair agus Baintighearna Chamshron Loch Bhraoin
An teaghlach Carlson agus Beckett
Corinne Cervetti agus Àdhamh Fowler
Fiona agus Scott Christie
Companaidh Luchd-obrach Clòtha
Sir Sandy agus a' Bhaintighearna Chrombie
Fondas Cruden
Cailean Dempster agus Deborah NicThòmais
Bettina agus Peadar Druimeanach Hay
Leslie B Durst
Maoin Coimhearsnachd Port-adhair Dhùn Èideann
Comann Ealain Sgeadachaidh is Chruthachail Dhùn Èideann
Sir Daibhidh agus a' Bhaintighearna Eideard
Fondas Iain Ellerman
Dianne agus Jeb Embree
Iain agus Judith Evans
Marina Evans
Nick Felisiak
Seumas Fearghasdan
Mgr and B.Ph H B Field
Britheamh Aonghas Foster agus Dr Fionnghal Foster
Iain agus Mairead Fox
Sir Teàrlach agus a' Bhaintighearna Fhriseal
Seumas Garden CBE agus Amanda Garden
Stanley agus Gloria Garnett
Tòmas Gauld
Gavin Gemmell CBE agus Ceit Ghemmell
Graeme agus Claire Gibson
Steafan agus Catriona Gordon-Dando
A' Bhaintighearna Ghrannnd
Alasdair Gray
Coinneach agus Julia Greig
Flure Grossart
A' Bhaintighearna Gay Grossart
Ross Hamilton
Erin Hennessy agus Eòsaph MacDhaibhidh
J Dùghlas Home
Morair agus Baintighearna Hope Chraighead

Sìm Horne
Flòraidh Nic an t-Sealgair
Ailean M Maclain
Dr Sìne Keeling
Raibeart Ker
Sìne agus Barrie Lambie
Brian Lang CBE agus Tari Lang
Gavin Law agus Joanne NicIlleathain-Law
Lynda Logan
Donnchadh agus Ellie NicFhionghain
Sìm agus Catriona Nic an Tòisich
Sir Hamish MacLeòid KBE agus a' Bhaintighearna NicLeòid
Iain agus Ealasaid Marchant
Chris Masters CBE agus Gill Masters
An t-Àrd-oll. Alasdair MacColla Mac a' Ghobhainn CBE agus Dr Ealasaid
NicColla Nic a' Ghobhainn MBE
W Ken McCracken agus Stacie Styles
Raibeart agus Fulvia McCrie
Seumas Uilleam MacPhàrlain Òg
Miller agus Anna NicIlleathain
Seumas MacIllinnein
Aonghas MacLeòid agus Caimbeul Armor
Calum MacLeòid CBE
Anne McMenigall
Seumas Mac a' Mhuilleir CBE
Cè Miller CBE agus Lee Miller
Sir Ragnall Mac a' Mhuilleir CBE agus a' Bhaintighearna Nic a' Mhuilleir
Calum Moireach CBE agus Muriel Mhoireach
Tormod agus Pam Moireach
Maoin Cuimhneachaidh an Dualchais Nàiseanta
Maoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta
Urras Carthannach Nimar
Cluicheadairean Crannchur Còd-puist an t-Sluaigh
Sìne agus Pierre du Pont
Sir Uilleam Purves CBE agus a' Bhaintighearna Purves
Mike agus Carol Ramsay
Sir Iain Rankin OBE agus Miranda Harvey
Paul Roberts agus Stephanie Donaldson

Cailean agus Hilary Ros
Urras Carthannach Row Fogo
Fionnghal agus Iain Ruiseal CBE
Robert agus Toland Sherriff
Baran agus Bana-bharan Phentland
Frances Steel
Dàibhidh MacSteafain CBE agus Alix NicSteafain
Gracey Luckett Rankin Stoddard
Iain Sword CBE agus Flòraidh Sword
Anndra agus Màiri Telfer
Companaidh Glenmorangie Earr.
Urras Carthannach Murdoch Forrest
Fondas Negaunee
Nick agus Catriona NicThòmais
Susie NicThòmais
Seumas agus Sarah Troughton
Corpachadh Aonaichte Caibeal Naoimh Moire
Marcas Urchardan
Iain Wall
Sarah Whitley agus Greum Mac IlleBhàin
K.T. Fondas Wiedemann
Fondas Uilleim Ghrannnd
Nicky agus Stiùbhart MacUilleim
Eilidh Wiseman
Bill Zachs agus Màrtainn MacÀdhaimh

Dìleaban

Oighreachd Thòmais Flockhart
Oighreachd Ailein Myles

Buill Taighean-Tasgaidh na h-Alba agus a h-uile duine nach eil airson gun tèid an ainmeachadh

Urrasairean Urras Carthannach Taighean-Tasgaidh h-Alba

Seumas Fearghasdan, Cathraiche
Crisdean MacThòmais, Rùnaire
Jo Elliot
Coinneach Greig
Iain Ruiseal CBE
Lindsay Scott
Màrtainn Mac na Ceàrdaich

Dr Laura N Young MBE

Bòrd Fondas Ameireaganach Thaighean-Tasgaidh na h-Alba

Lynda Logan, Cathraiche

Iain Fox

Crisdean Gow – thàinig a theirm gu crìch 19 Ògmhios 2024

Raibeart Sherriff

Iòsaph MacDhàibhidh - air a chur an dreuchd 10 Giblean 2024

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' gabhail cùram de chruinneachaidhean taigh-tasgaidh a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta, gan taisbeanadh agus gam mìneachadh airson luchd-amais farsaing

Dealbh: Panail stèisean-cumhachd niùclasach Hunterston

© Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Còmhach aghaidh: Soitheach bho Chinnean Ghall-Ghàidhealaibh agus ulaidhean bho Linn nan Lochlannach a bha innte

Creidisean deilbh rim faighinn aig www.nms.ac.uk/review

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dhùthchail

Taigh-tasgaidh Nàiseanta nan Cogadh

Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta

Faic ar Làn Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan aig: www.nms.ac.uk/review

Tha tionndadh Beurla den Lèirmheas seo ri fhaighinn aig: www.nms.ac.uk/review

Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Sràid Chambers, Dùn Èideann EH1 1JF

0300 123 6789 info@nms.ac.uk www.nms.ac.uk

Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Àireamh carthannais Albannach SC011130

Gheibhear an Lèirmheas seo cuideachd ann an clò mòr, Braille agus air CD.